



## COINNEAMH NA PANAIL

Diluain 15mh Gearran 2021 aig 10:00 air Zoom

## GEÀRR-CHUNNTAS

### MEG-2021-2-01 An làthair

Kirsty NicDòmhnail, Magaidh Nic a' Ghobhainn, Iain Mac a' Ghobhainn agus Art MacCarraig (Fèisean nan Gàidheal)

### MEG-2021-2-02 Leisgeulan

Bha leisgeul ann bho Sarah NicEachearn agus chaidh a mhìneachadh gun robh Kirsty NicDòmhnail air àite Mhairi Kidd a ghabhail airson na coinneimh seo leis nach b' urrainn do Mhairi a bhith an làthair.

### MEG-2021-2-03 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

Ghabh na bha an làthair ris a' gheàrr-chunntas.

### MEG-2021-2-04 A' nochdadh com-pàirt

Nochd Magaidh Nic a' Ghobhainn com-pàirt san iarrtas MEG-202021-1-05 aig Fèis Phàislig agus MEG-202021-1-07 air Màiri Anna NicUalraig agus cha do ghabh e pàirt anns a' chòmhradh mu na h-iarrtasan.

### MEG-2021-2-05 Aonta ri tabhartasan

Bha 8 iarrtasan ann a' sireadh taic luach £58,637 mu choinneimh phròiseactan luach £107,166 uile gu lèir. An dèidh beachdachadh gu cùramach air na h-iarrtasan, cho math 's a fhreagair iad air amasan an stòrais agus na comharran a thug buill a' phanail dhaibh air thoiseach air a' choinneimh, chaidh aontachadh ris na tabhartasan a leanas:

Ainm an tagraiche	Geàrr-chunntas air a' phròiseict	Suim aontaichte
Rachael Macintyre	Taisbeanadh a chruthachadh le dannsa agus thèatar stèidhichte air dualchas na Gàidhlig an-diugh san àm a dh'fhalbh	£14,040.00
Artair Donald	Sreath bhideothan leis na daoine fuadain Dolina agus DI agus aighean	£4,500.00
Mary Ann Kennedy	Goireasan ionnsachaidh agus taisbeanaidhean a' toirt Seònaid NicLachlainn gu aire dhaoine	£5,000.00
		<b>£23,540.00</b>

### MEG-2021-2-06 Maoin nan Ealan Gàidhlig san àm ri teachd

Chaidh a dhearbhadh gu bheil Alba Chruthachail air taic a chumail ri Maoin nan Ealan Gàidhlig airson bliadhna eile agus gum bitheamaid ag amas air dà chuairt eile a chur air dòigh ro 31.03.2022.

### MEG-2021-2-07 GISBE

Thog Magaidh Nic a' Ghobhainn ceist mu cuin' a bhios an ath chuairt ann agus mhìnich Art MacCarraig gun cuireadh e fios ach, leis gun robh cinnt ann mu mhaoin, gun gabhadh a' chiad chuairt a chur air dòigh tràth sa bhliadhna ùr ionmhais. Bha buill a' phanail riarachta a chumail romhpa agus thugadh taing dhaibh uile.